



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA

PÀIRT 2 NOTAICHEAN AN TIDSEIR

GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3: TÌDE DHETH

NÌ SINN
RANNSACHADH!
NOTAICHEAN AGUS
LIOSTA-SGRÙDAIDH
NITHEAN



BALLA ANTONINE
CRIOCHAN ÌMPIREACHD NA RÒIMHE



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3: TÌDE DHETH



Nuair a bha iad aig an obair, bhiodh na saighdearan a' trèanadh, a' cumail faire air a' Bhalla, agus a' dèanamh obair càraidh agus rianachd, cho math ri sabaid nam biodh feum air. Air falbh bhon obair, dh'fhaodadh saighdearan tadhal air a' bhaile ionadail ris an canar *vicus*, airson airgead a chosg, tadhal air na bràmairean no air na teaghlaichean aca, no fois a ghabhail san taigh-amaran a bha aig gach gearastan. Bha rumannan-smùide agus saunathan ann an taigh-amaran, agus àite far am faodadh saighdearan cabadaich, ithe, òl agus cluich. Ghlan na saighdearan iad fhèin le ola a sgrìob iad dheth le sgrìobairean ris an canar *strigils*.

Na mic-samhail air a' chuspair seo a tha sa bhogsa:

- Lampaichean ola
- Buinn agus poca
- Cìr-mhìn
- Geama-bùird
- Sgrìobair
- Maide-spong
- Poit-chungaidh
- Botal-uisge

TUILLEADH GHOIREASAN AGUS GHNÌOMHAN

<http://www.antoninewall.org/learning-centre/primary/downloadable-resources>

Air an làrach seo gheibh thu duilleag-ghnìomhan (Bath Time!) a tha a' sgrùdadh nithean a chaidh a lorg aig taigh-amaran Ròmanach.

<http://www.nms.ac.uk/explore/games/discover-the-romans/discover-the-romans/build-a-roman-fort/>

Air an làrach seo tha gnìomh 'tog gearastan' a tha a' comharrachadh taigh-amaran.

GNÌOMHAN



GNÌOMH 1: ANNS AN TAIGH-AMARAN

Coimhead air dealbhan de chumadh coitcheann taigh-amaran. Dh'fhaodadh tu modail de thaigh-amaran a thogail le Lego. Le dràma, dh'fhaodadh na sgoilearan mìm a dhèanamh de dhiofar rudan a bha a' tachairt san taigh-amaran - na h-amaran fuar agus teth, a' cleachdadh sgrìobair, ri cearrachas, a' cluich gheamannan, a' cabadaich. Dh'fhaodadh iad sgrìobt a sgrìobhadh do sheallaidhean goirid an sin.

Ann an geama Gu na Ròmanaich thathar a' tadhal air taigh-amaran.

GNÌOMH 2: DÈAN LAMPA OLA

Seo stiùireadh simplidh air mar a nì thu lampa ola a ghabhas cleachdadh: <http://timetravellerkids.co.uk/uncategorized/make-roman-oil-lamp/>. Dèan lampa de chrèadh a thiormaicheas san èadhar. Nuair a tha e tioram, cuir ola a' chroinn-ola ann. Dèan siobhag le pàipear-cidsin air a roiligidh agus stob an t-siobhag dhan 't-srùb'. Sùghaidh an t-siobhag ola. Las ceann a' phàipeir agus suidh gu socair ann an solas an lampa!

GNÌOMH 3: FARPAIS GEAMA-BÙIRD RÒMANACH

Bhiodh na Ròmanaich a' cluich grunn gheamannan a ghabhas cluich fhathast an-diugh. Coimhead air-loidhne agus faigh stiùireadh do Rota, Merels agus Tabula. Ann am buidhnean, taghaidh na sgoilearan geama a rannsaicheas iad, an uair sin nì iad e agus cluichidh iad e, agus mu dheireadh innsidh iad do dhaoine eile mar a chluicheas iad e.



BOGSA-
LÀIMHSEACHAIDH
LIOSTA NITHEAN
A FHUAIREADH AGUS
A THILLEADH



TÌDE DHETH

Nì	Uimhir	Fhuairleadh Cuir tiog	Thilleadh Cuir tiog
1. Lampaichean ola	2	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
2. Cirean-mine	1	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
3. Sgriobair	1	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
4. Poit-chungaidh	1	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
5. Buinn agus poca	1 x poca 11 x buinn	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
6. Geama-bùird	1 x bòrd 1 x stiùireadh don gheama-bùird <i>latrunculi</i> 1 x бага le 24 cunntairean (12 terracotta agus 12 geal) agus 2 cheannard-ceud	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
7. Maide-spong	1	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>
8. Botal-uisge	1	<input type="radio"/>	<input type="radio"/>

Fhuairleadh

Thilleadh

BOTAL- UISGE



COIMHEAD

- Faic na diofar stuthan às an deach am botal a dhèanamh
- Rannsaich mar a tha an ceann ag obrachadh
- Faic mar a tha an làmh air a ceangal ris a' bhotal

DÈ DO BHEACHD?

- Saoil dè bha air a chumail ann?
- Saoil an leigeadh e dad a-mach?
- Ciamar a ghabhadh a cheangal ri poca-droma?
- Am b' urrainn dhut a chur sìos air an talamh?

Sgrìobh notaichean agus beachdan bhon chòmhradh ann an earrann nan notaichean gu h-ìosal

NOTAICHEAN



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



BALLA ANTONINE
CRIOCHAN IMPIREACHD NA RÒMHE

GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

BOTAL- UISGE



FIOSRACHADH

Seo botal-uisge Ròmanach ris an canar *laguncula*. Ghabhadh a chleachdadh airson fion no leann cuideachd.

Ghabhadh a cheangal ri poca-droma leis an làimh, no 's dòcha ri crios.

Ghabhadh a phasgadh ann an clobhd fliuch airson an t-uisge a chumail fionnar air latha teth.

Bhiodh e air a lìnigeadh le cèir-sheillein airson a dhèanamh dìonach air an taobh a-staigh.

Bha botail-uisge air an dèanamh de leather cuideachd.



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

LAMPAICHEAN OLA

COIMHEAD

- Làimhsich a' chrèadh den deach na lampaichean seo a dhèanamh
- Coimhead gu math air na pàtrain dhiofraichte a tha orra
- Faic far a bheil tuill agus fosglaidhean de dhiofar mheudan

DÈ DO BHEACHD?

- Dh'fheumadh na lampaichean ola, agus siobhag air a dèanamh, 's dòcha, de dh'aodach air a roiligidh.
- Saoil càit an rachadh an ola a dhòrtadh a-steach?
- Càit am biodh an t-siobhag a' dol?
- Cò ris a bhiodh e coltach gun solas an dealain?
- Ciamar a bheireadh seo buaidh air na bhiodh tu a' dèanamh?

Sgrìobh notaichean agus beachdan bhon chòmhradh ann an earrann nan notaichean gu h-ìosal

NOTAICHEAN



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



BALLA ANTONINE
CRIOCHAN IMPIREACHD NA RÒMHE

GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

LAMPAICHEAN OLA



FIOSRACHADH

Bha na lampaichean seo air an lìonadh le ola a' chroinn-ola tron t-srùb.

Chaidh siobhag a chur an uair sin dhan t-srùb. Shùigheadh an t-siobhag an ola, rachadh a lasadh an uair sin, agus bhiodh lasair seasmhach ann.

'S dòcha gum biodh dòrlach toit ann agus cha bhiodh an solas cho soilleir 's a tha solas an dealain an-diugh.



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

CÌR- MHÌN

COIMHEAD

- Faic na diofar mheudan de dh'fhiaclan air gach taobh den chìr
- Làimhsich a bheil a' chìr mìn no garbh
- Làimhsich a' chèis agus rannsaich mar a tha a' chìr a' dol dhan chèis

DÈ DO BHEACHD?

- Saoil carson a tha na beàrnan eadar na fiaclan de dhà mheud eadar-dhealaichte?
- Saoil cò dheth a tha a' chìr air a dèanamh?
- Carson a tha cèis ann don chìr?
- Cò dheth a tha a' chèis air a dèanamh?

Sgrìobh notaichean agus beachdan bhon chòmhradh ann an earrann nan notaichean gu h-ìosal

NOTAICHEAN



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

FIOSRACHADH

CÌR- MHÌN

Cha do dh'atharraich na sneadhan - cha do dh'atharraich no na cìrean-mìn! Tha cìr-mhìn an-diugh gu math coltach ris an tè seo.

Tha na fiaclan mòra airson falt a chìreadh gach latha agus tha na fiaclan tana airson sneadhan a ghlacadh.

Rinn na Ròmanaich na cìrean seo de fhiodh no de chnàimh beathaich.

Tha a' chèis air a dèanamh de leathar agus chuireadh e dìon air na fiaclan nuair a bha neach a' falbh leatha na chois.



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

SGRÌOBAIR

COIMHEAD

- Tog fear agus obraich a-mach mar a bu chòir dhut a làimhseachadh
- Feuch an obraich thu a-mach mar a bha e air a chleachdadh
- Làimhsich an stuth às a bheil e air a dhèanamh

SANAS: Bha e airson daoine a chumail glan

DÈ DO BHEACHD?

- Saoil dè eile a dh'fheumadh tu airson gun obraicheadh e ceart?
- Saoil am biodh tu a' faireachdainn glan an dèidh dhut seo a chleachdadh?
- A bheil dad coltach ris againn an-diugh?

Sgrìobh notaichean agus beachdan bhon chòmhradh ann an earrann nan notaichean gu h-ìosal

NOTAICHEAN



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

SGRÌOB AIR

B' e *strigil* a bh' aig na Ròmanaich air an sgrìobair seo.

Tha e air a dhèanamh de mheatailt.

Bha e air a chleachdadh le saighdearan san taigh-amaran airson salachar a sgrìobadh dheth.

Bhiodh saighdearan a' suathadh ola orra fhèin san taigh-amaran airson an salachar fhuasgladh, agus an uair sin gan sgrìobadh fhèin leis an *strigil*.



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

POIT- CHUNGAIDH

COIMHEAD

- Coimhead gu math air a' phoit 's air an àrc
- Smaoinich dè bhiodh air a chumail innte
- Faic an cruth agus smaoinich carson a bha i air a dèanamh mar seo

DÈ DO BHEACHD?

- Cò dheth a tha i air a dèanamh?
- Cò dheth a tha an àrc air a dèanamh?
- Saoil dè bhiodh air a chumail anns a' phoit seo?

Sgrìobh notaichean agus beachdan bhon chòmhradh ann an earrann nan notaichean gu h-ìosal

NOTAICHEAN



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

POIT- CHUNGAIDH



Tha a' phoit seo air a dèanamh de chrèadh agus 's e àrcan a tha san àirc.

Bhiodh ola no cungaidh anns a' phoit agus bhiodh e air a chur gu feum anns an taigh-amaran.

Nam biodh an saighdear uabhasach salach, chuireadh e gainmheach dhan ola airson an salachar a shuathadh bhon chraiceann aige.

Leis gu bheil i leathann sa mheadhan, ged a bhiodh i air a leagail, cha bhiodh a h-uile rud a bha innte air a dhòrtadh.



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

BUINN AGUS POCA

COIMHEAD

- Faic na stuthan às an deach na buinn agus am poca a dhèanamh
- Coimhead gu math air na buinn. Feuch an lorg thu:
 - Ailbhean
 - Dà each
 - Iolaire
 - Each is earball èisg air
 - Bogha
- Faic na cinn air na buinn, feuch an e na h-aon chinn a tha air cuid dhiubh
- Faic a bheil ainmean no faclan ann a tha thu ag aithneachadh

DÈ DO BHEACHD?

- Cia mheud diofar stuth às a bheil na buinn air an dèanamh?
- Cò dheth a tha am poca air a dhèanamh?
- Saoil cò tha na cinn a' riochdachadh?
- Carson a tha seo cuideachail do arc-eòlaichean?

Sgrìobh notaichean agus beachdan bhon chòmhradh ann an earrann nan notaichean gu h-ìosal

NOTAICHEAN



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

BUINN AGUS POCA

FIOSRACHADH

Bha buinn air an dèanamh de òr, airgead no umha.

Tha am poca air a dhèanamh de leathar.

Air na buinn bha ceann an ìompaire a bha a' riaghladh nuair a chaidh na buinn a dhèanamh.

Fhuair saighdearan pàigheadh 225 *denarii* sa bhliadhna. B' e airgead cuimseach mòr a bha seo - b' e 1 *denarius* pàigheadh latha, 's dòcha mu £100 san latha an-diugh. Ach dh'fheumadh iad am biadh, an èideadh agus am buill-airm a cheannach leis an airgead seo agus 's dòcha nach robh mòran air fhàgail aca.

Tha fios aig arc-eòlaichean cuin a bha gach ìompaire a' riaghladh, agus leis na buinn 's urrainn dhaibh obrachadh a-mach cuin a bha na Ròmanaich a' fuireach air a' Bhalla.



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH



GEAMA



COIMHEAD

- Faic am bòrd fiodha agus na ceàrnagan a tha air
- Coimhead gu math air na cunntairean feuch a bheil iad uile ionann

DÈ DO BHEACHD?

- Faic na riaghailtean. A bheil e coltach ri geama sam bith as aithne dhut?
- Am biodh feum air a' bhòrd 's na cunntairean sònraichte? Dè cho furasta 's a bhiodh e do shaighdear an geama seo a dhèanamh?

Sgrìobh notaichean agus beachdan bhon chòmhradh ann an earrann nan notaichean gu h-ìosal

NOTAICHEAN



HISTORIC ENVIRONMENT SCOTLAND | ÀRAINNEACHD EACHDRAIDHEIL ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

GEAMA

FIOSRACHADH



'S e *Latrunculi* a th' air a' gheama seo. Tha e coltach ri dàmais.

Chaidh bùird chloiche a lorg air Balla Antonine, agus cunntairean de chnàimh no de phìosan beaga de shoithichean crèadha briste. Ach dh'fhaodadh saighdearan a bhith air bòrd a sgrìobadh san ùir agus clachan a chleachdadh mar chunntairean.

Ma tha ùine agaibh, cluichibh an geama, no dèanaibh fhèin bòrd agus cunntairean.



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

SPONG AGUS MAIDE

COIMHEAD

- Faic mar a tha an spong air a cheangal ris a' mhaide
- Tog e agus smaoinich ciamar a bhiodh e air a chleachdadh 's dòcha

DÈ DO BHEACHD?

- Saoil dè th' ann?
SANAS: Bha e airson daoine a chumail glan
- Saoil am biodh e furasta thu fhèin a chumail glan le seo?
- Tha e doirbh spong nàdarra a lorg ann an Alba. Dè dh'fhaodadh saighdearan a chleachdadh an àite spong?

Sgrìobh notaichean agus beachdan bhon chòmhradh ann an earrann nan notaichean gu h-ìosal

NOTAICHEAN



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

SPONG AGUS MAIDE

FIOSRACHADH



Bha ionad thaighean-beaga anns gach gearastan Ròmanach. Shuidh daoine còmhla airson na toidhleatan a chleachdadh.

Ghlan iad iad fhèin le còinneach no le maide-spong a fhliuch iad ann an sruth uisge glan ann an drèana beag anns an làr.

Bha am maide-spong air a chleachdadh an àite pàipear toidhleat!

Tha arc-eòlaichean air obrachadh a-mach, ged a dh'fheuch na Ròmanaich ri cumail glan, gun robh mòran bhitheagan nam bodhaigean, mar eisimpleir, *ringworm*. Math dh'fhaodte gur e an t-adhbhar gun robh mòran dhaoine a' co-roinn nan spongan anns na taighean-beaga!

Chaidh an t-uisge salach a chur air falbh gu clais.



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

NÌ SINN RANNSACHADH!



1

Coimhead air
na nithean

2

Bruidhinn mu na
ceistean air na
cairtean do
gach nì.

3


Mu dheireadh,
dèan sgeidse de
aon de na
nithean.

GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3: TÌDE DHETH

Cha robh iad a' sabaid fad na h-ùine!
An dèidh latha trang a' meàrsadh, a'
trèanadh no ri obair-togail, bhiodh
na saighdearan Ròmanach a' gabhail
fois. Tha na nithean seo uile nam
mic-samhail (copaidhean
mionaideach) de rudan a chleachd
saighdearan Ròmanach nuair a thug
iad ionnsaigh air Alba.

Bha taigh-amaran aig a' mhòr-chuid
de ghearastain. Bha seo mar ionad
chur-seachadan do shaighdearan. An
seo bhiodh iad ag eacarsaich, a'
gabhail fois, a' dol dhan amar, a'
cabadaich ri caraidean, a' cluich
gheamannan no a' sgrìobhadh gu na
teaghlaichean aca. Bhiodh iad
cuideachd a' dol don bhaile a bha
faisg orra agus a' cosg airgead.
Bhiodh iad a' ceannach biadh is
deoch is rudan eile, no ri cearrachas
ann an taighean-seinne.

DÈ THA ANNS A' BHO GSA?



1. Botal-uisge
2. Lampaichean ola
3. Cir-mhìn
4. Sgriobair
5. Poit-chungaidh
6. Buinn agus poca
7. Geama-bùird
8. Maide-spong



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 3:
TÌDE DHETH

1. BOTAL-UISGE

- Seo botal-uisge Ròmanach ris an canar *laguncula*. Ghabhadh a chleachdadh airson fion no leann cuideachd.
- Ghabhadh a cheangal ri poca-droma leis an làimh, no 's dòcha ri crios.
- Ghabhadh a phasgadh ann an clobhd fliuch airson an t-uisge a chumail fionnar air latha teth.
- Bhiodh e air a linigeadh le cèir-sheillein airson a dhèanamh dìonach air an taobh a-staigh.
- Bha botail-uisge air an dèanamh de leathar cuideachd.

3. CÌR-MHÌN

- Cha do dh'atharraich na sneadhan - cha do dh'atharraich no na cìrean-mìn! Tha cìr-mhìn an-diugh gu math coltach ris an tè seo.
- Tha na fiaclan mòra airson falt a chireadh gach latha agus tha na fiaclan tana airson sneadhan a ghlacadh.
- Rinn na Ròmanaich na cìrean seo de fhiodh no de chnàimh beathaich.
- Tha a' chèis air a dèanamh de leathar agus chuireadh e dìon air na fiaclan nuair a bha neach a' falbh leatha na chois.

5. POIT-CHUNGAIDH

- Tha a' phoit seo air a dèanamh de chrèadh agus 's e àrcan a tha san àirc.
- Bhiodh ola no cungaidh anns a' phoit a bhiodh air a chur gu feum anns an taigh-amaran.
- Nam biodh an saighdear uabhasach salach, chuireadh e gainmheach dhan ola airson an salachar a shuathadh bhon chraiceann aige.
- Leis gu bheil i leathann sa mheadhan, ged a bhiodh i air a leagail, cha bhiodh a h-uile rud a bha innte air a dhòrtadh.

7. GEAMA

- 'S e *Latrunculi* a th' air a' gheama seo. Tha e coltach ri dàmais.
- Chaidh bùird chloiche a lorg air Balla Antonine, agus cunntairean de chnàimh no de phìosan beaga de shoithichean crèadha briste. Ach dh'fhaodadh saighdearan a bhith air bòrd a sgrìobadh san ùir agus clachan a chleachdadh mar chunntairean.
- Ma tha ùine agaibh, cluichibh an geama, no dèanaibh fhèin bòrd agus cunntairean.

2. LAMPAICHEAN OLA

- Bha na lampaichean seo air an lìonadh le ola a' chroinn-ola tron t-srùb.
- Chaidh siobhag a chur an uair sin dhan t-srùb. Shùigheadh an t-siobhag an ola, rachadh a lasadh an uair sin, agus bhiodh lasair seasmhach ann.
- 'S dòcha gum biodh cuid mhath de thoit ann agus cha bhiodh an solas cho soilleir 's a tha solas an dealain an-diugh.

4. SGRÌOB AIR

- B' e *strigil* a bh' aig na Ròmanaich air an sgrìobair seo.
- Tha e air a dhèanamh de mheatail.
- Bha e air a chleachdadh le saighdearan san taigh-amaran airson salachair a sgrìobadh dheth.
- Bhiodh saighdearan a' suathadh ola orra fhèin san taigh-amaran airson an salachair fhuasgladh, agus an uair sin gan sgrìobadh fhèin leis an *strigil*.

6. BUINN AGUS POCA

- Bha buinn air an dèanamh de òr, airgead no umha.
- Tha am poca air a dhèanamh de leathar.
- Fhuair saighdearan pàigheadh 225 *denarii* sa bhliadhna. B' e airgead cuimseach mòr a bha seo - b' e 1 *denarius* pàigheadh latha, 's dòcha mu £100 san latha an-diugh. Ach dh'fheumadh iad am biadh, an èideadh agus am buill-airm a cheannach leis an airgead seo agus 's dòcha nach robh mòran air fhàgail aca.
- Air na buinn bha ceann an òmpaire a bha a' riaghladh nuair a chaidh na buinn a dhèanamh.
- Tha fios aig arc-eòlaichean cuin a bha gach òmpaire a' riaghladh, agus leis na buinn, 's urrainn dhaibh obrachadh a-mach cuin a bha na Ròmanaich a' fuireach air a' Bhalla.

8. MAIDE-SPONG

- Bha am maide-spong air a chleachdadh an àite pàipear toidhleat!
- Bha ionad thaighean-beaga anns gach gearastan Ròmanach. Shuidh daoine còmhla airson na toidhleatan a chleachdadh.
- Ghlan iad iad fhèin le còinneach no le maide-spong a fhliuch iad ann an sruth uisge glan ann an drèana beag anns an làr.
- Chaidh an t-uisge salach a chur air falbh gu clais.
- Tha arc-eòlaichean air obrachadh a-mach, ged a dh'fheuch na Ròmanaich ri cumail glan, gun robh mòran bhitheagan nam bodhaigean, mar eisimpleir, ringworm. Math dh'fhaodte gur e an t-adhbhar gun robh mòran dhaoine a' co-roinn nan spongan anns na taighean-beaga!